

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

**14/9/23, 1000-1300**

**Teams**

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:           Iain Mac a' Mhaoilein (sa Chathair)           Ingrid NicEanraig  
                  Calum MacLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
                  Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
                  Sarah NicDhòmhnail [SMD] (Cunntasair)  
                  Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)  
                  Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlas & Oighreachd)  
                  Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd) – airson puing 7  
                  Iain MacGilliosa [IG] (Manaidsear IT) – puing 8  
                  Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**1. Leisgeulan**

1.1 Ceit-Anna NicLeòid.

**2. Gnothaichean dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (25/5/23)**

3.1 Aontaichte.

**4. Gnothaichean ag èirigh**

4.1 Comharraichte.

**5. Pasgan Cunntasachd Q1 2023-24**

5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall.

5.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarichte.

## 6. KPI/Dashboard

- 6.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun pàipear.
- 6.2 Bha aithne ann gu robh Comataidh Lèirsinn gu bhith a' coimhead ri na KPIan a leudachadh.
- 6.3 Chaidh aithneachadh gu robh am beàrn-pàighidh gnèitheach àrd agus chaidh mìneachadh a thoirt seachad a thaobh nan adhbharan airson seo.
- 6.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 6.5 **Gnìomh:** 1) thèid co-theacsa a chur ann am pàipear airson na h-ath choinneimh a thaobh beàrn-pàighidh gnèitheach, a' toirt iomradh air na h-adhbharan agus na h-iomairtean a tha an sàs gus sin a leasachadh agus gun tèid sgrùdadh co-ionannachd a dhèanamh ma tha dearbhadh a bharrachd a dhìth. (DC)

## 7. Frèama-obrach Dearbhaidh

*Aithisg adhartais / dashboard / aithris ràitheil*

- 7.1 Tha Frèam Dearbhaidh MG ALBA a' mìneachadh 10 aithrisean mu uallach fiosgail agus deagh riaghladh & tha trì loidhnichean dìon aig gach aithris. Bha pàipear air beulaibh bhall a' taisbeanadh a' chruth seo gus dearbhadh gu bheil e ceangailte ris an os-shealladh a tha a dhìth air a' Chomataidh.
- 7.2 Bho choinneamh na Comataidh mu dheireadh, tha co-obraichean air a bhith air an sònrachadh do gach Aithris Dearbhaidh, ag iarraidh orra clàradh na siostaman a tha gan cleachdadh an-dràsta airson gach Aithris agus cuideachd càite am faighear an fhianais co-cheangailte ris.
- 7.3 Bha aithne ann gu bheil cuid de na h-aithrisean a' gabhail a-steach grunn phàirtean den gnìomhachas agus feumar fiosrachadh bho barrachd air aon neach-obrach airson a chrìochnachadh.
- 7.4 Air sgàth nan diofar dhòighean-obrach a chleachd ar co-obraichean, bha am pàipear air beulaibh bhall a' taisbeanadh nan sgrìobhainnean airson dà Aithris gus leigeil leis a' Chomataidh obrachadh tromhpa gus modh-obrach àbhaisteach a stèidheachadh, le aithne aig an ath gu nochd na sgrìobhainnean crìochnaichte airson na deich Aithrisean.
- 7.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte gu robh oifigearan air an t-slighe cheart agus gu robh frèam-obrach ann far a faighear air dùbhlain a thoirt am follais.
- 7.6 **Gnìomh:** 1) thèid na h-aithrisean an lìonadh le na h-oifigearan cunntachail agus 2) thig fiosrachadh iomlan agus moladh airson plana iomlan airson In-Sgrùdadh chun na h-ath Chomataidh. (KMK)

### *Aithris eisgeachd (exception reporting)*

- 7.7 Cuideachd air beulaibh bhall bha dà aithris eisgeachd a bha a' mìneachadh dùbhlain a chaidh fhulang le pròiseas solarachaidh.
- 7.8 **Co-dhùnadh**: bha dearbhadh aig a' Chomataidh gun deach cùisean a chur ceart gu h-ìomchaidh agus gun deach leasan ionnsachadh.

### *Clàr Riosgan*

- 7.9 Bha pàipear agus Clàr Riosgan air beulaibh bhall gus dearbhadh a thoirt don Chomataidh gu bheil riosgan air an comharrachadh, gu bheil leasachaidhean (mitigations) air an cur an sàs, agus gu bheil cothroman aithnichte agus fo ghnìomh.
- 7.10 Chaidh a dhaingneachadh gur ann airson taic le ro-innleachd PR a chaidh an companaidh Media House am fastadh agus nach b' ann airson adhbharan coiteachaidh.
- 7.11 **Co-dhùnadh**: an dèidh molaidhean beaga, bha buill riarachtaichte.

## **8. Dion-saidhbear**

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh às ùr air adhartas nan cunnartan co-cheangailte ris na trì ìrean dìon aig an Fhrèam Dearbhaidh, a bharrachd air na nithean a tha a' toirt buaidh aig an àm seo air ar ìre de dh'ìnbhe cunnairt.
- 8.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte, le aithne gum bithear a' toirt sùil air poileasaidh mheadhanan sòisealta a dh'aithghearr.

## **9. Plana Leantainneach Gnothaich**

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh às ùr air adhartas nan cunnartan co-cheangailte ris na trì ìrean dìon aig an Fhrèam Dearbhaidh, a bharrachd air na nithean a tha a' toirt buaidh aig an àm seo air ar ìre de dh'ìnbhe cunnairt.
- 9.2 Chaidh innse nach eil deuchainn eile san amharc an-dràsta ach gu bheil prìomhachas dha thoirt air coimhead ris a' Phlana fhèin, gu bheil na manaidsèaran os cionn pìosan den phlana ullaichte agus gu bheil leas-mhanaidsèaran ann an àite.
- 9.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

## **10. Poileasaidhean**

### *Riaghailtean Ionmhasail*

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh mu ath-sgrìobhadh a chaidh a dhèanamh air na Riaghailtean, a chaidh an ùrachadh agus an sìmpleachadh ach cha robh an dreach air beulaibh bhall a' moladh atharrachadh ann am poileasaidh idir.

- 10.2 Bha oifigearan a' moladh gun toireadh a' Chomataidh sùil air cuid de dh'ìrean ceadachaidh a tha air a bhith ann gun atharrachadh airson ùine mhòr.
- 10.3 **Co-dhùnadh:** 1) sna h-ìrean ceadachaidh fo 5.2.1, chaidh a mholadh chun Bhùird gu fuiricheadh seo aig ìre £100,000 san uair; 2) fo 5.4, chaidh a mholadh chun Bhùird gun deigheadh seo àrdachadh bho £30k gu £50k; 3) gun tèid na Riaghailtean Ionmhasail am moladh chun Bhùird, a' toirt fainear de na molaidhean gu h-àrd.
- 10.4 **Gnìomh:** thig na Riaghailtean Ionmhasail, le na molaidhean gu h-àrd, air beulaibh a' Bhùird san Dàmhair. **(SMD)**  
*Poileasaidh Cùl-stòran (Reserves)*
- 10.5 Bha pàipear air beulaibh bhall a' coimhead air am bu chòir poileasaidh foirmeil a bhith aig MG ALBA mu chùl-stòran, le pàipear co-cheangailte ri moladh bhon chompanaidh Brett Nicholls Associates. Bha iadsan a' moladh: 1) bu chòir do MG ALBA poileasaidh cùl-stòran in-thaigh a leasachadh a bhith aca nach tèid fhoillseachadh anns na cunntasan reachdail; 2) bheir am poileasaidh seo frèam airson planadh ionmhasail agus stiùbhardachd so-mhaoin agus geallaidhean MG ALBA; 3) thèid ìre targaid de chùl-stòran MG ALBA a shuidheachadh le iomradh air dleastanasan a dh'fhaodadh èirigh ann an suidheachadh crìochnachaidh.
- 10.6 Bha aonta ann gu robh e cudromach gun deigheadh còmhraidhean a chumail le Riaghaltas na h-Alba a thaobh na bha ceadaichte de dh'airgead a bhith air fhàgail sa bhanca aig deireadh gach bliadhna-ionmhais.
- 10.7 **Co-dhùnadh:** thèid còmhraidhean a chumail le Riaghaltas na h-Alba.
- 10.8 **Gnìomh:** thig pàipear le fios mu chòmhraidhean le Riaghaltas na h-Alba chun na h-ath Chomataidh mus tèid e air adhart chun Bhùird. **(SMD)**  
*Barantachadh agus dìon chloinne (Safeguarding)*
- 10.9 Bha pàipear agus poileasaidh air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh mu ath-sgrìobhadh a chaidh a dhèanamh air a' phoileasaidh.
- 10.10 Tha am poileasaidh a-nis beò agus bha air beulaibh na Comataidh airson adhbharan dearbhaidh a-mhàin.
- 10.11 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 10.12 **Gnìomh:** thèid am poileasaidh a chur air làrach-lìn na buidhne, gu luchd-obrach agus tha plana trèanaidh dha chur an gnìomh. **(MAMI)**  
*Poileasaidh Àrainneachd – aithisg gèillidh (compliance)*
- 10.13 Bha pàipear air beulaibh bhall le lèirmheas meadhan-ùine agus ro-mheasadh airson 2023, a thuilleadh air cùl-fhiosrachadh air mar a chaidh na figearan an cuir an cèill.
- 10.14 Bha aithne gu robhas air deireadh air mar bu mhiann a bhith ach gu robh cùisean a' gluasad.

- 10.15 B' ann air beulaibh a' Bhùird a bhiodh Net Zero a' nochdadh.
- 10.16 Nochdaidh aithris ann an Aithisg Bhliadhnail na buidhne an ath-bhliadhna agus thèid gealltanais a thoirt seachad agus thèid fhoillseachadh leis an Riaghaltas agus le com-pàirtichean.
- 10.17 **Gnìomh:** thèid obair a dhèanamh air plana sna mìosan air thoiseachd airson a' Bhùird. (DC)  
*GDPR/FOI*
- 10.18 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun deach iarraidh air an luchd-lagh breithneachadh air Poileasaidhean agus Sgrìobhainn agus atharrachaidhean a mholadh a thaobh GDPR bho Brexit agus gum biodh iad a rèir Riaghailtean agus lagh sam bith eile.
- 10.19 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 10.20 **Gnìomh:** thèid na poileasaidhean agus sgrìobhainn an cuir air an làrach-lìn, thèid innse mun deidhinn in-thaigh agus thèid trèanadh iomchaidh a chur air dòigh. (MAMI)  
*Lèirmheas air Poileasaidhean Cunntasachd*
- 10.21 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun deach lèirmheas bhon taobh a-muigh a dhèanamh air Poileasaidhean Cunntasachd. Chaidh sùil a thoirt gu h-àraidh air poileasaidh aithneachaidh cosgais phrògraman, oir is e sin an àireamh as motha a tha ann an Cunntasan MG ALBA.
- 10.22 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta gu robh poileasaidhean cunntasachd MG ALBA fhathast iomchaidh, ach le aithne, mar a thèid atharrachadh san dòigh sa bheileas a' sgaoileadh susbaint, gum biodh feum a thighinn air ais chun phuing seo san àm ri teachd.  
*Poileasaidh Solarachaidh*
- 10.23 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun deach am Poileasaidh Solarachaidh ath-sgrìobhadh le luchd-lagha agus gu bheil seo ga mheasadh an-dràsta le Ionmhas agus an Sgioba Àrd-stiùiridh, le sùil ris a' phròiseas a dhèanamh nas sìmplidh do luchd-cleachdaidh fhad 's a nì iad cinnteach gu bheilear a' cumail ri reachdas iomchaidh agus a' chleachdadh as fheàrr.
- 10.24 Bha aithne ann gu bheil coimiseanadh lèir-chlaistinneach saor bho na riaghailtean ach feumaidh e fhathast a bhith follaiseach agus cothromach.
- 10.25 **Gnìomh:** 1) thèid dreach den Phoileasaidh Solarachaidh a chuir air beulaibh na Comataidh san t-Samhain, le amas an tionndadh dheireannach a chuir air beulaibh na Comataidh sa Ghearran 2024. (SMD)

## 11. Cur-an-dreuchd Luchd-sgrùdaidh

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gu bheil aig MG ALBA ri Luchd-Sgrùdaidh bhon taobh a-muigh a chur an gnìomh às dèidh dhan teirm aig an Luchd-sgrùdaidh làithreach a thighinn gu crìch.
- 11.2 Chaidh cuireadh gu tairgse fhoillseachadh agus cha deach ach aona thagraidh fhaighinn, bhon Luchd-sgrùdaidh a th' ann an-dràsta.
- 11.3 Chaidh an tagradh a sgòradh le pannal de cheathrar, a' gabhail a-steach dithis bhall den Chomataidh Sgrùdaidh, a' co-dhùnadh gu bheil Saffery Champness iomchaidh an cur an dreuchd.
- 11.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta agus a' moladh a' cho-dhùnaidh don Bhòrd.
- 11.5 **Gnìomh**: thig pàipear air beulaibh a' Bhùird san Dàmhair. (SMD)

## **12. HR**

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall gus dearbhadh a thoirt don Chomataidh air cùisean luchd-obrach is cosnadh airson a' chairteil gu 30/6/23.
- 12.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta

## **13. GISBE**

- 13.1 Chaidh innse gu bheil an cùmhnant a th' ann an-dràsta air seirbheisean HR a' tighinn gu crìch agus gu bheileas an-dràsta a' coimhead ri trì tagraidhean a thàinig a-steach.

## **14. Deit na h-ath choinneimh – 9/11/23.**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: